

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Loch Raineach (2)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,271. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 967 corresponds to Litir 1,271. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

An t-seachdain sa chaidh bha sinn ann an sgìre Raineach ann an Siorrachd Pheairt. Ghabh mi cuairt anns an loch ann an geòla rubair. An toiseach **bha mi am beachd** a dhol a-null gu crannag ann am meadhan an locha. Thòisich mi air an t-slighe ach dh'èirich a' ghaoth, agus bha an loch gu math garbh.

Tha Loch Raineach an ìre mhath mòr. Bha a' ghaoth a' tighinn on àird an ear. Aig a' cheann an iar dheth, far an robh mise, bha an fhaoileag air an loch. Tha mi a' ciallachadh le sin gun robh stuaghan mòra ann, agus cìrean geala orra. *White horses* ann am Beurla. *The seagull* ann an Gàidhlig!

Co-dhiù, math dh'fhaodte gun robh sin iomchaidh oir 's e an t-ainm air an eilean, air an robh mi ag amas, Eilean nam Faoileag. Tha mi an dùil gun robh na h-eòin a' neadachadh ann uair no uaireigin.

Bha mi air an rathad a-mach don eilean agus a' dèanamh adhartas an aghaidh na gaoithe nuair a ghabh mi beachd às ùr air a' ghnothach. Bha mi leam fhìn. Cha robh bàta sam bith eile, ach curach no dhà, air bhog anns an loch. Nam biodh a' gheòla agam air a cur bun-os-cionn le stuagh mòr, bhithinn ann an staing ann an uisge fuar. Cho-dhùin mi gun a bhith a' leantainn orm chun an eilein. Bha e na bhriseadh-dùil ach tha mi fhìn agus an t-eilean fhathast ann am bith!

Ann am Beurla, canaidh feadhainn *Tower Island* ris an eilean oir tha tùr ann. Chithear an tùr gu furasta o bhruach an locha. Chaidh an tùr a thogail tràth anns an naoidheamh linn deug leis an uachdaran. Bha e na mhac-samhail air prìosan a thog fear de Chlann Dhonnchaidh air an eilean ùine mhòr roimhe. A rèir beul-aithris chuir an trustar sin a bhean anns a' phrìosan. Leig sin leis a bhith ag ràdh – le firinn – ri athar boireannach eile nach robh bean aige beò air talamh Albannach. Ge-tà, chan e Loch Raineach an t-aon àite le sgeul dhen t-seòrsa sin!

Ach nach eil Eilean nam Faoileag ann an Alba? Uill, thà, ach chaidh a thogail le daoine. Chan e eilean nàdarra a th' ann. Mhothaich mi air mo shlighe ga ionnsaigh gun robh an t-uisge eu-domhainn ann an àiteachan. Tha oitirean ann. Math dh'fhaodte gur e sin a dh'adhbharaich gun robh na stuaghan air an loch cho mòr.

Agus thug an eu-doimhne sin cothrom do dhaoine crannag a thogail ann. Thug sin tèarmann dhaibh nuair a bha iad ann an cunnart. Bha nàdar de chabhsair air a thogail fon uisge don chrannaig bhon chladach a deas. Tha sin fada gu leòr – tha mu chòig ceud meatair eadar an cladach sin agus an t-eilean. Bhiodh an cabhsair a' lùbadh

a-null 's a-nall. Bhiodh e doirbh do dhuine nach robh eòlach air a shlighe a dhèanamh a-mach don eilean. A rèir beul-aithris bha cuid de Chloinn 'ic Ghriogair a' cleachdadh Eilean nam Faoileag mar thèarmann nuair a bha an stàit gan tomhas mar eucoirich.

Tha cunntas ann mu fhear a chuir seachad oidhche anns an tùr. Cha do chòrd e ris idir. Math dh'fhaodte nach robh ann ach fuaim na gaoithe no sgarrghail nam faoileag a chuir dragh air. Ach tha feadhainn a' cumail a-mach gu bheil taibhsean gu leòr ann an Eilean nam Faoileag.

* * * * *

Faclan na Litreach: Raineach: *Rannoch*; stuaghan: *waves*; cìrean geala: *white crests*; leam fhìn: *by myself*; curach: *canoe*; air bhog: *afloat*; trustar: *rascal*; oitirean: *sandbanks/gravel banks*; eu-doimhne: *shallowness*; tèarmann: *refuge*; taibhsean: *ghosts*.

Abairtean na Litreach: cuairt anns an loch ann an geòla rubair: *a trip on [in] the loch in a rubber dinghy*; dh'èirich a' ghaoth: *the wind came up*; an ìre mhath mòr: *reasonably large*; aig a' cheann an iar dheth: *at its western end*; bha an fhaoileag air an loch: *there were white horses (white-capped waves) on the loch*; math dh'fhaodte gun robh sin iomchaidh: *perhaps that was appropriate*; gun robh na h-eòin a' neadachadh ann uair no uaireigin: *that the birds were nesting there at some time or other*; a' dèanamh adhartas an aghaidh na gaoithe: *making progress against the wind*; nuair a ghabh mi beachd às ùr: *when I reconsidered*; nam biodh a' gheòla agam air a cur bun-os-cionn: *if my dinghy were turned upside-down*; bhithinn ann an staing: *I would be in a difficult situation*; cho-dhùin mi gun a bhith a' leantainn orm chun an eilein: *I decided not to continue to the island*; bha e na bhriseadh-dùil: *it was a disappointment*; bha e na mhac-samhail air prìosan a thog fear de Chlann Dhonnchaidh ùine mhòr roimhe: *it was the likeness of a prison that one of the Robertsons built a long time before*; nach robh bean aige beò air talamh Albannach: *that he didn't have a wife alive on Scottish soil*; mhothaich mi air mo shlighe ga ionnsaigh gun robh an t-uisge eu-domhainn: *I noticed on my journey towards it that the water was shallow*; bha nàdar de chabhsair air a thogail fon uisge don chrannaig bhon chladach a deas: *a sort of causeway was built under the water to the crannog from the southern shore*; a' lùbadh a-null 's a-nall: *twisting this way and that*; math dh'fhaodte nach robh ann ach fuaim na gaoithe no sgarrghail nam faoileag a chuir dragh air: *perhaps it was only the noise of the wind or the screaming of the gulls that upset him*.

Puing-chànain na Litreach: bha mi am beachd a dhol a-null gu crannag: *I was intending going over to a crannog*. Tha mi am beachd means 'I am intending or considering' whereas tha mi dhen bheachd means 'I am of the opinion'. Bha mi dhen bheachd gun robh an loch ro gharbh airson cumail a dol.

Gnàthas-cainnt na Litreach: An t-seachdain sa chaidh: *last week*. Can also be written (and said) an t-seachdain seo chaidh. Sa represents seo.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA